

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 26mh dhen t-Sultain 2021**

### **Ùrnaigh aig 7f**

“Biodh briathran mo bheòil agus smuaintean mo chridhe taitneach nad làthair, a Thighearna, mo charraig agus m’fhear-saoraidh.” (Salm 19: 14)

Thionndadh an Salmaidh do Dhia, mar a nì sinn fhèin, a’ sireadh an Tì a ghabhas rinn mar a tha sinn, agus a dheònaicheas dhuinn neart nuair a bhios sinn fann. Tha gu leòr againn a’ faireachdainn lag anns na làithean seo. Mar sin, tha an Salmaidh a’ bruidhinn rinn agus às ar leth.

Tha fhios againn gu bheil ar faclan rudeigin lag, agus uaireannan tha eagal oirnn nach cluinn Dia iad. Mar an ceudna, tha eagal oirnn gu bheil ar cridheachan lag. Aig na h-amannan sin, bidh an Salmaidh a’ seasamh far a bheil sinne nar seasamh agus a’ gairm air an Tighearna, ar carraig agus ar neart, air an Tighearna a bheireas sinn a-steach do làthaireachd Dhè. Tha na faclan ag èirigh o ar bilean agus o ar cridheachan a-steach do làthaireachd Dhè. Tha sinn a’ tairgsinn nam facal le làn-earbsa gum bi iad taitneach do Dhia. Tha ar faclan-sa cuideachd a’ dol a-steach do làthaireachd Dhè, agus tha earbsa againn gun tèid an cluinntinn leis an Tì as àrd, agus e ar Carraig agus ar Fear-saoraidh.

A Thighearna,  
is tusa ar Carraig agus ar Fear-saoraidh,  
èist rinn, agus sinn a’ gairm ort  
le bilean fosgailte agus cridheachan fosgailte.  
Èist rinn, agus gabh rinn mar a tha sinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna,  
is tusa ar Carraig agus ar Fear-saoraidh,  
èist rinn, agus sinn a’ gairm ort  
anns na làithean doirbh seo.  
Èist rinn ann an làithean doirbh, agus freagair sinn nad ghràs.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna,

is tusa ar Carraig agus ar Fear-saoraidh,  
èist rinn, agus sinn a' gairm ort  
leis na faclan a thug thu dhuinn.  
Èist rinn, agus sinn a' cleachdadh faclan a chleachd do phoball thairis air na  
linntean.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna,  
is tusa ar Carraig agus ar Fear-saoraidh,  
èist rinn, agus sinn a' gairm ort  
ged a tha ar faclan fann agus ar cridheachan lag.  
Èist ri ar faclan, agus gabh ri tairgse ar cridheachan.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna,  
is tusa ar Carraig agus ar Fear-saoraidh,  
èist rinn, agus sinn a' gairm ort,  
deònach gum bi briathran ar beòil agus smuaintean ar cridheachan uile taitneach  
nad làthair.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.